

## Cumhaichean is cùmhnantan do luchd-iarrtais is oileanaich

Is e oilthigh amalaichte a th' ann an Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean a tha a' toirt a-steach foghlam adhartach agus àrd-ìre le com-pàirteachas trì deug colaistean agus ionadan rannsachaidh neo-eisimeileach. Tha an Achd Foghlaim An dèidh 16 (Alba) a' dèanamh cinnteach gum bi Cùirt Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean cunntachail airson foghlam aig ìre colaiste agus oilthigh anns a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan.

Bidh a h-uile h-oileanach air a cheangal ri 'com-pàirtiche acadaimigeach bun-shuidheachaidh', air a bheil an t-uallach a bhith a' clàradh oileanaich air a' phrògram ionnsachaidh aca, agus a bhith a' solar sheirbheisean is ghoireasan taic coitcheann agus stòrasan a bhuineas ris a' phrògram fa leth.

Tha an sgrìobhainn seo a' cur sìos nan cumhaichean is nan cùmhnantan air am faodar tairgse a thoirt do neach-iarrtais, no neach-iarrtais a chlàradh air na prògraman foghlaim àrd-ìre againn, a' gabhail a-steach prògraman HNC/HND, ceuma agus rannsachaidh iar-cheuma. Is e cumhaichean is cùmhnantan eadar-dhealaichte a bhuineas ri oileanaich a chlàras air prògraman foghlaim adhartach.

San sgrìobhainn seo, is e as ciall do na faicil "sinn(e)", "ar", agus "an t-oilthigh" ach Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean agus na com-pàirtichean acadaimigeach aige.

Ma dh'fheumas sibh fios a chur ar n-ionnsaigh mu na cumhaichean seo no an tairgse agaibh, tha am prìomh fhiosrachadh conaltraidh againn ri fhaicinn san earr-ràdh. Tha fiosrachadh conaltraidh eile, a' gabhail a-steach na bhuineas do gach com-pàirtiche acadaimigeach, ri fhaotainn air an làraich-lìn againn aig [www.uhi.ac.uk/en/campuses/](http://www.uhi.ac.uk/en/campuses/)

### 1. Facal-toisich

- 1.1 Is e "na cumhaichean" an t-ainm a bheirear air na cumhaichean is na cùmhnantan coitcheann seo, còmhla ri sgrìobhainnean eile air a bheil iomradh san sgrìobhainn seo, a' gabhail a-steach (ach gun a bhith cuingealaichte ris) an fheadhainn a tha air an liostadh ann an Earr-ràdh 1, an àm a bhith a' toirt luaidh orra air fad le chèile. Tha na cumhaichean a' toirt fiosrachadh dhuibh mu phoileasaidhean is riaghailtean an oilthigh, na dleastanasan a tha oirnn do ur taobh-se, agus na dleastanasan a th' oirbhse a thaobh an oilthigh. **Le bhith a' gabhail ri àite a thairgear agus/no le bhith a' clàradh, tha sibh ag aontachadh gun cùm sibh ris na cumhaichean seo agus gum bi iad mar fhiachaibh oirbh.** 'S e sgrìobhainn chudromach a tha seo agus bu chòir dhuibh a leughadh gu faicilleach agus a bhith cinnteach gu bheil sibh a' tuigsinn nan cumhaichean mun gabh sibh ri tairgse agus/no mun clàr sibh san oilthigh.
- 1.2 Mas e oileanach a th' annaibh le bhiosa oileanaich (Coitcheann) Ìre 4 air a h-urrasachadh leis an oilthigh, bidh oirbh ur n-ainm a chur ri Aonta Oileanaich Eadarnàiseanta a bhios mar phàirt de na cumhaichean a bhuineas ribh.
- 1.3 Ùraichidh sinn na cumhaichean a h-uile bliadhna is foillsichidh sinn an sgrìobhainn air an làraich-lìn againn. Thèid iarraidh oirbh ath-dhearbhadh gu bheil sibh a' gabhail ris na cumhaichean nuair a chlàraicheas sibh anns gach bliadhna acadaimigeach. Ma nì sinn atharrachaidhean susbainteach sna cumhaichean, gabhaidh sinn ceumannan reusanta a

tharraing ur n-aire air na h-atharrachaidhean seo cho luath 's a ghabhas. Tha tuillidh fiosrachaidh mu atharrachaidhean ri prògraman air a thoirt ann an earrainn 3.

- 1.4 Ma bhios eas-aontas eadar na cumhaichean seo agus sgrìobhainn sam bith eile a bhios air a h-ullachadh leis an oilthigh no às a leth, is e na cumhaichean as treasa.

## 2. Gabhail ri tairgse de dh'àite air prògram san oilthigh

- 2.1 Bidh an tairgse a bheir sinn dhuibh le cumhaichean no gun chumhaichean. Mas e tairgse le cumhaichean a th' ann, is ann oirbh fhèin a bhios an t-uallach an fhianais a thoirt mar a dh'iarrar i, ron cheann-ama a shocraichear, gus an tèid againn air measadh an do choinnich sibh ris na cumhaichean a bha air an tairgse. Mura dèan sibh seo, tha an t-oilthigh a' gleidheil na còire an tairgse a tharraing air ais no dàil a chur air an iarrtas agaibh gus an ath bhliadhna inntridh.
- 2.2 Tha sinn a' gleidheil na còire tairgse atharrachadh mum bi e dearbhte agaibh gu bheil sibh a' gabhail rithe. An àm dhuinn a bhith a' cur na còire seo an gnìomh, bheir sinn fios dhuibh mun atharrachadh cho luath 's a ghabhas dèanamh gu reusanta agus far am bi e comasach, bheir sinn tairgse ùraichte dhuibh às dèidh làimhe.
- 2.3 Oileanaich a tha ciorramach
  - i) Bidh oileanaich le ciorram air am brosnachadh gus tagradh a dhèanamh don oilthigh, agus innse taic sam bith a dh'fhaodadh a bhith a dhith orra. Faodar tuilleadh fiosrachaidh mu thaic do chiorramaich a mheasadh [an seo](#). Thathar a' beachdachadh air a h-uile tagraiche air na h-aon adhbharan acadaimigeach agus ma nochdas ciorram, cha toir seo buaidh air co-dhùnadh an tairgse. Ma nì sinn tairgse dhut, obraichidh sinn còmhla riut gus measadh a dhèanamh air na feumalachdan taice agad agus nì sinn na h-atharrachaidhean reusanta gus dèanamh cinnteach gum faigh thu cothrom air a' phrògram a thagh thu. Ma chuireas tu a-steach do phrògram a tha fo ùmhlachd ìrean proifeiseanta slàinte agus fallaineachd, thèid beachdachadh air atharrachadh reusanta sam bith a dhèanamh le bhi a coimhead air slàinte dreuchdail agus / no freagarrachd airson cleachdadh.
  - ii) Ann an suidheachadh na nach eil comasach air an taic a tha a dhìth ort a thoirt seachad, no ma tha draghan mòra mu na feumalachdan slàinte is sàbhailteachd no freagarrachd airson cleachdadh proifeiseanta, leanaidh sinn oirnn ag obair gu dlùth còmhla riut gus na roghainnean uile a tha ri fhaotainn a rannsachadh. Far a bheil e iomchaidh, feuchaidh an t-oilthigh ri do chuideachadh gus prògram ionnsachaidh eile a lorg.
- 2.4 Nuair a ghabhas sibh ri tairgse, cruthaichear an cùmhnant eadaraibh fhèin agus sinn fhèin. Ma bhios sinn ag iarraidh atharrachaidhean sam bith a dhèanamh air a' chùmhnant a bhios eadarainn (ach a-mhàin mar a tha air a chur sìos ann an Earrainn 3) an dèidh dhuibh gabhail ris an tairgse againn, bruidhnidh sinn ribh mu thimcheall seo is gheibh sinn aonta bhuaibh ro làimh.
- 2.5 Feumaidh sibh dearbhadh ann an sgrìobhadh (a' gabhail a-steach gu h-eileagtronaigeach) gu bheil sibh a' gabhail ris an tairgse againn.

- Ma nì sinn an tairgse dìreach dhuibh fhèin, is ann leinn fhèin as còir dhuibh gabhail ris an tairgse; chì sibh fios mu bhith a’ gabhail ri tairgse aig
  - [www.uhi.ac.uk/en/studying-at-uhi/first-steps/application-process-dates/](http://www.uhi.ac.uk/en/studying-at-uhi/first-steps/application-process-dates/)
  - Mas ann tro UCAS no buidheann eile a nì sinn an tairgse dhuibh, is còir dhuibh gabhail ris an tairgse a rèir an rian acasan [www.ucas.com/ucas/undergraduate/apply-and-track/track-your-application/replying-your-offers](http://www.ucas.com/ucas/undergraduate/apply-and-track/track-your-application/replying-your-offers)
- 2.6 Tha còir agaibh neonitheachadh ro cheann ceithir làithean deug (14) on latha an dèidh dhuinn brath fhaotainn gu bheil sibh a’ gabhail ris an tairgse againn. Cha ruig sibh a leas reusan a thoirt. Mas ann tro UCAS a rinn sibh an t-iarrtas, is còir dhuibh innse dhaibhsan mu na shocraich sibh. Mas ann dìreach air an oilthigh fhèin a rinn sibh an t-iarrtas, is còir dhuibh innse dhuinne ann an sgrìobhadh. Is urrainn dhuibh innse dhuinn gu bheil sibh a’ neonitheachadh a’ chùmhnaidh leis a’ phrìomh fhiosrachadh chonaltraidh a tha air a thoirt san sgrìobhainn seo, no leis an fhoirm neonitheachaidh eisimpleireach againn, a gheibh sibh [an seo](#).
- 2.7 Thig crìoch air a’ chòir a th’ agaibh an cùmhnaidh a neonitheachadh fo pharagraf 2.6 nas tràthaile na deireadh nan ceithir làithean deug ma bhios am prògram ionnsachaidh a’ tòiseachadh taobh a-staigh de na ceithir làithean deug sin, rud a dh’fhàgas gun tig crìoch air a’ chòir neothitheachaidh agaibh air ceann-latha tòiseachaidh a’ phrògram ionnsachaidh agaibh. Gabhaidh seo tachairt ma ghabhas sibh ri tairgse aig an oilthigh tron rian chlioraidh. An dèidh don phrògram ionnsachaidh tòiseachadh, faodaidh sibh tarraing às a bhith ag ionnsachadh san oilthigh a rèir rian an oilthigh airson tarraing às, ach faodaidh gun caill sibh an t-iomlan no pàirt de na cìsean teagaisg a chaidh a phàigheadh leibh fhèin no às ur leth.
- ### 3. Fiosrachadh mu phrògraman an oilthigh
- 3.1 Tha fiosrachadh mu na prògraman againn agus na cìsean a tha nan lùib ri fhaotainn air an làraich-lìn againn aig [www.uhi.ac.uk](http://www.uhi.ac.uk), san leabhar-iùil as ùire againn agus anns an litir thairgse againn. Le bhith a’ dèanamh iarrtas a bhith ag ionnsachadh leinn agus le bhith a’ gabhail ris an tairgse bhuainn, tha sibh a’ dearbhadh gun d’fhuair sibh fiosrachadh mun phrògram a thagh sibh agus gu bheil fios agaibh air na cìsean is na cumhaichean pàighidh a tha na lùib.
- 3.2 Bidh sinn ag ullachadh an leabhar-iùil againn agus fiosrachadh air loidhne mu na prògraman againn gu faicilleach agus bitear dìcheallach a bhith cinnteach gu bheil am fiosrachadh ceart. Ach bidh an tionntadh clò-bhuailte den leabhar-iùil air a chur a-mach co-dhiù bliadhna mun tòisich na prògraman againn. Bidh fiosrachadh ùr agus atharrachaidhean air am foillseachadh air loidhne, mar sin bu chòir dhuibh sùil a thoirt feuch dè am fiosrachadh làthaireach.
- 3.3 Faodaidh gum bi eadar-dhealachadh sa chothrom a bhios ann air modalan/aonadan roghnach agus/no a’ cho-chothromachd eadar dòighean teagaisg air prògram (m.e. aghaidh ri aghaidh san t-seòmar-theagaisg agus colabhairt bhidio) a rèir càit am bi sibh ag ionnsachadh. Bu chòir dhuibh fiosrachadh mionaideach iarraidh air a’ chom-pàirtiche acadaimigeach as bun-shuidheachadh dhuibh mun gabh sibh ris an tairgse agaibh.
- 3.4 Nì sinn a h-uile h-oidhirp reusanta prògraman a liubhairt a rèir nan tuairisgeulan a tha air an cur sìos san leabhar-iùil, air loidhne, no mar a dh’innsear san litir thairgse againn. Ach feumaidh sinn ar goireasan a riaghladh gu h-èifeachdach, agus tha còir againn

atharrachaidhean reusanta a dhèanamh air na prògraman againn. Gabhaidh seo tachairt air tàilleabh atharrachaidhean san fhoireann no a thaobh 's gu bheil buidheann bharrantachaidh ag iarraidh susbaint shònraichte ann an cùrsa. Tha cuid de phrògraman nach bitear a' tairginn ach ma bhios bun-àireamh de dh'oileanaich ann. Mar sin faodaidh gum bi amannan ann a dh'fheumas sinn:

- a) atharrachaidhean a dhèanamh air susbaint prògram no modal no an dòigh a bhios sinn ga liubhairt;
- b) an suidheachadh no an clàr-ama atharrachadh airson prògram no modal a liubhairt;
- c) stad a chur air modalan no prògraman;
- d) modalan no prògraman a chur ri chèile is aonachadh.

### **Atharrachaidhean susbainteach no cudromach ri prògraman mun clàraich sibh**

3.5 Ma thachras, rud nach coltach, gun cuir sinn stad air a phrògram ionnsachaidh agaibh no nach solair sinn e, no gun dèan sinn atharrachadh cudromach ris a' phrògram no an t-àite om bi e air a theagasg:

- 3.5.1 innsidh sinn dhuibh a' chiad chothrom a ghabhas sin dèanamh;
- 3.5.2 far am bi e so-dhèanta, tairgidh sinn àite dhuibh air prògram freagarrach eile a bhios sibh teisteanach air a shon agus a bhios cìsean teagaisg ri am pàigheadh air;
- 3.5.3 mura bi sibh ag iarraidh gabhail ris an tairgse againn de chùrsa eile, faodaidh sibh ur n-iarrtas a tharraing air ais gun pheanas sam bith le bhith ag innse dhuinn ann an sgrìobhadh agus pàighidh sinn air ais, mar a bhios iomchaidh, cìsean teagaisg is eàrlasan sam bith a bhios pàighte agaibh, a rèir a' phoileasaidh chìsean againn.

### **Atharrachaidhean susbainteach no cudromach ann an susbaint no liubhairt prògram fhad 's a bhios sibh clàraichte**

3.6 Uair sam bith a bhios an còrr air, cha chuir sinn atharrachaidhean mòra an gnìomh ach a thaobh bhuidhnean de dh'oileanaich san àm ri tighinn, is seachnaidh sinn atharrachaidhean mòra sam bith a dhèanamh a bhuaileadh air oileanaich a bhios air an clàradh aig an àm. Air a shon sin, faodaidh gum bi cùisean oibreachail a dh'èireas, mar eisimpleir air tàilleabh atharrachaidhean san fhoireann, a dh'fhàgas gum bi e do-sheachanta dhuinn atharrachaidhean mar sin a dhèanamh. Mura bi e comasach dhuinn stad a chur no atharrachaidhean mòra a dhèanamh air prògram air a bheil oileanaich clàraichte cheana, nì sinn a h-uile h-oidhirp co-chomhairleachadh ris na h-oileanaich air am buail e, prògram freagarrach eile a sholar agus làn iùl acadaimigeach a thoirt.

3.7 Bheir sinn uiread de rabhadh 's a ghabhas dhuibh mu atharrachaidhean sam bith a tha sa bheairt a dh'fhaodadh bualadh oirbh. Ma thèid aonta a chur ris na h-atharrachaidhean a tha nar rùn, bheir sinn dhuibh uiread de rabhadh 's a ghabhas mun cheann-latha air an tèid an cur an gnìomh is feuchaidh sinn ri buaidh aimhriteach sam bith a lùghdachadh uiread 's a ghabhas.

3.8 Faodaidh cùisean sealadach a bhith ann air nach bi atharrach againn agus a dh'fhaodas bualadh air liubhairt modal no prògram, mar a tha droch uair, stailcean, tinneas no atharrachaidhean san fhoireann. Ma thachras a leithid nì sinn ar dicheall cùisean a rèiteachadh gus nach tèid gnothaichean a chur ceàrr oirbhse ach cho beag 's a ghabhas. Faodaidh suidheachaidhean a bhith ann cuideachd far am bi tachartasan mòra a' bualadh air luchd-ùidhe, solaraichean sheirbheisean no com-pàirtichean co-oibreachaidh agus faodaidh seo buaidh a thoirt cuideachd air na prògraman is na seirbheisean againn. Ma thachras seo uisnichidh sinn am post dealain oilthigh agaibh agus meadhanan eileagtronaigeach eile airson conaltradh ribh. Mur an do roghnaich sibh gun teachdaireachdan teacsa fhaotainn bhuan,

faodaidh gun cuir sibh teachdaireachd thugaibh cuideachd air an àireamh fòn pòca a thug sibh dhuinn. Cuiridh sinn naidheachdan an àird air an làraich-lìn againn cuideachd.

#### 4. Na sholaires sinn do na h-oileanaich againn

4.1 Is còir do dh'oileanaich a bhith am fiughair ris na leanas:

- fiosrachadh ùr, ceart mun phrògram ionnsachaidh agaibh (buailteach do earrainn 3);
- goireasan taic airson teagasg is ionnsachadh agus seirbheisean eile a bhuineas ris a' phrògram agaibh (buailteach do pharagraf 4.2);
- fiosrachadh mu mheasaidhean a bhuineas ris a' phrògram agaibh (agus cothroman air ath-mheasadh far am bi sin bointealach);
- fiosrachadh mu dhreuchdan riochdachadh oileanaich agus cothroman a bhith a' toirt beachdan air ais air a' phrògram agaibh, agus eileamaidean eile de na dh'fhiosraicheas sibh a thaobh ionnsachadh;
- cothrom a bhith a' faicinn nan riaghailtean, nam poileasaidhean is nan dòighean-obrach againn;
- cothrom air na seirbheisean fiosrachaidh, comhairle is iùil againn;
- modh-obrach airson gearanan a làimhseachadh agus pròiseas ath-thagraidh;
- fiosrachadh mu atharrachaidhean sam bith anns na gnothaichean a dh'ainmichear gu h-àrd.

4.2 Solairidh sinn goireasan taic ionnsachaidh iomchaidh agus seirbheisean eile, ach faodaidh gum bi caochladh ann corra uair anns na sholaires sinn (mar eisimpleir, faodaidh gun atharraich sinn an dòigh air am bi sinn a' solar goireasan taic leithid taic leabharlainn no TF).

#### 5. Na dleasan agaibh

5.1 Le bhith a' gabhail ri tairgse agus/no a' clàradh air prògram, tha sibh ag aontachadh gum bi sibh ceangailte le riaghailtean an oilthigh agus na poileasaidhean is na modhan-obrach bointealach aige, agus gun cùm sibh riutha. Tha sgrìobhainnean poileasaidh cudromach air an liostadh ann an Earr-ràdh 1, agus tha liosta iomlan ri a faotainn air an làraich-lìn againn aig [www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/governance/policies-and-regulations](http://www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/governance/policies-and-regulations).

Nuair a chlàraicheas sibh, tha sibh ag aontachadh cuideachd gum bi sibh ceangailte le poileasaidhean is modhan-obrach bointealach a' chom-pàirtiche acadaimigeach as bun-shuidheachadh dhuibh agus gun cùm sibh riutha; tha iad seo ri am faicinn tron làraich-lìn aca.

5.2 Tha na dleasan a leanas oirbh agus tha sibh ag aontachadh:

- Gun coinnich sibh ri feumalachdan a' phrògram agaibh a thaobh frithealaidh, ionnsachaidh agus measaidh, a' gabhail a-steach a bhith a' coinneachadh ri cinn-ama measaidh;
- Gum bi sibh a' conaltradh ris an neach-oide acadaimigeach phearsanta agaibh agus/no luchd-obrach taice, is gun innis sibh dhaibh mu thrioblaidean sam bith a bhios agaibh;
- Gun innis sibh dhuinn mu ùine sam bith anns nach bi sibh an làthair no cùisean sam bith a dh'fhaodadh a bhith maothachail, agus gun toir sibh fianais taice a rèir mar a bhios feum;
- Gun innis sibh dhuinn ma bhios sibh ag iarraidh tarraing às no dàil a chur san ionnsachadh agaibh;
- Gun dèan sibh cinnteach gu bheil a h-uile fiosrachadh a bheir sibh mar phàirt den iarrtas agaibh agus fiosrachadh pearsanta sam bith a chumar air siostam chlàran nan oileanach

(a' gabhail a-steach an fhiosrachaidh chonaltraidh agaibh) ceart, agus gun ùraich sibh e mar a bhios riatanach;

- A bhith eòlach air, agus cumail ri, riaghailtean acadaimigeach agus poileasaidhean agus modhan iomchaidh an oilthigh, a 'gabhail a-steach am poileasaidh dìon agus Còd Giùlain nan Oileanach;
- Gun toir sibh urram is modh do bhuill uile choimhearsnachd an oilthigh is gun cùm sibh ris na poileasaidhean againn air co-ionannachd is iol-ghnèitheachd;
- Gun cleachd sibh is gun amhairc sibh gu cunbhalach air a' chunntas post dealain a th' agaibh leis an oilthigh agus an àrainneachd ionnsachaidh mas-fhìor;
- Gun cùm sibh ris a h-uile riaghailt is modh-obrach bhoitealach a thaobh slàinte is sàbhailteachd;
- Gun toir sibh fios air ais air na prògraman is na modalan agaibh is gun gabh sibh pàirt ann an gnìomhachdan barantachadh is leasachadh càileachd, mar a tha air a chur sìos san Aonta Chom-pàirteachas Oileanaich làthaireach;
- Gum pàigh sibh ur cisean no gun cuir sibh pàigheadh air dòigh gu pongail a rèir a' phoileasaidh chisean againn;
- Gun cùm sibh suas cliù an oilthigh an dà chuid air an àrainn agus taobh a-muigh dhith.

5.3 Tha cuid de phrògraman is feumalachdan sònraichte a bharrachd aca a dh'fheumas sibh coinneachadh riutha, an dàrna cuid a chum is gun gabhar ribh air a' phrògram no feadh na h-ùine anns am bi sibh ag ionnsachadh, m.e. freagarrachd airson gnàthachaidh, sgrùdadh slàinte ballrachd de sgeama PVG (Dìon Bhuidhnean So-leònte) iomchaidh, clàradh le seirbheisean teicneòlas bhon taobh a-muigh, no riatanasan buidheann proifeasanta. Bu chòir dhuibh sùil a thoirt air leabhraichean-làimhe nam prògraman agus eòlas a chur air riatanasan sònraichte a dh'fhaodadh a bhith boitealach dhuibh fhèin.

## 6. Obair a chur a-steach ri a measadh

6.1 Far am faod sibh no far am feum sibh obair a chur a-steach gu h-eileagtronaigeach, is fheudar dhuibh seo a dhèanamh tron chunntas a th' agaibh mar oileanach san oilthigh.

6.2 Tha thu an urra leat fhein a bhith a 'cumail leth-bhreacan de na measaidhean agad. Bidh sinn a 'cumail sampail de mheasaidhean airson adhbharan gealltanais càileachd, a rèir ar poileasaidh gleidheadh measaidh.

6.3 Bidh sinn a' fo-sgrìobhadh ri prògram bathair-bhuig a tha air a chumail air òstair taobh a-muigh den oilthigh a dh'fhaodas a bhith air uisneachadh airson dearbhadh tùsalachd, comharrachadh gun ainm agus ath-sgrùdadh le co-inbhich air an obair theacsa agaibh. Bidh an goireas dearbhadh tùsalachd a' cuideachadh le luchd-obrach a bhith a' measadh cùisean an obair oileanaich far am faodadh mèirle-sgrìobhaidh a bhith ann, agus gleidhidh an siostam leth-bhreach de na chuireas sibh a-steach air an adhbhar seo. Le bhith a' gabhail ris na cumhaichean seo tha sibh ag aontachadh gum faodar an obair agaibh uisneachadh mar seo, agus innsidh an ceannard prògraim agaibh dhuibh ma bhios an t-seirbheis seo air a h-uisneachadh. Bu chòir dhuibh eòlas a chur air riaghailtean is poileasaidhean an oilthigh a thaobh mì-ghiùlan acadaimigeach, inbhean a thaobh tobraichean ainmeachadh agus sealbh inntleachdail.

## **7. Sealbh inntleachdail agus dlighe-sgrìobhaidh**

- 7.1 Do dh'oileanaich a tha clàraichte air prògraman fo-cheuma agus a' mhòrchuid de phrògraman aig ìre iar-cheum, mar as àbhaist, is leibh fhèin a bhios a h-uile sealbh inntleachdail is dlighe-sgrìobhaidh a bhios air a sholar leibh fhèin feadh na h-ùine anns am bi sibh ag ionnsachadh aig an oilthigh. Thèid innse dhuibh ma tha rian eadar-dhealaichte sam bith a bhuineas don phrògram agaibhse.
- 7.2 Do dh'oileanaich a tha clàraichte air prògraman rannsachaidh iar-cheuma, is leis an oilthigh no an com-pàirtiche acadaimigeach as bun-shuidheachadh dhuibh a bhios còirichean air sealbh inntleachdail mar as àbhaist, a rèir a' phoileasaidh againn air sealbh inntleachdail.

## **8. Comann nan oileanach**

Thèid ur clàradh gu h-otomataigeach mar bhall de chomann nan oileanach sa chom-pàirtiche acadaimigeach as bun-shuidheachadh dhuibh nuair a chlàras sibh san oilthigh mur innis sibh dhaibh gu bheil sibh ag iarraidh fanachd a-mach às.

## **9. Slàinte is sàbhailteachd**

- 9.1 Tha an t-oilthigh a' gabhail mar fhiachaibh air fhèin àrainneachd fhallain, shàbhailte a sholar do na h-oileanaich air fad. Tha uallach oirbh fhèin fhathast, ge-tà, airson na sàbhailteachd agaibh fhèin agus cuid dhaoine eile a dh'fhaodadh a bhith fo bhuidheachd rud sam bith a nì sibh no nach dèan sibh. Feumaidh sibh cumail ri poileasaidhean, modhan is measaidhean cunnairt bointealach an oilthigh agus a' chom-pàirtiche acadaimigeach as bun-shuidheachadh dhuibh a thaobh slàinte is sàbhailteachd. Is e an rùn a tha annta seo a bhith cinnteach gum bi sibh sàbhailte san oilthigh agus an àm a bhith ri gnìomhachdan sam bith a nì sibh às leth an oilthigh.
- 9.2 Tha dleasnas cùraim air a h-uile h-oileanach is ball den luchd-obrach a thaobh chàich. Tha seo a' ciallachadh nach fhaod sibh a bhith ri giùlan mì-shàbhailte, agus gun fheudar dhuibh fios a thoirt cuideachd mu shuidheachadh no giùlan mì-shàbhailte sam bith. Faodaidh gun gabh sinn ceuman smachdachaidh an aghaidh duine sam bith nach lean am poileasaidh slàinte is sàbhailteachd againn agus a chuireas iad fhèin no càch ann an cunnart, no duine sam bith a nì feum mì-iomchaidh de dh'uidheam slàinte is sàbhailteachd no a ghabhas gnothach ris.
- 9.3 Tha dleasnas cùraim oirnn a bhith a' gabhail cheuman iomchaidh a thaobh shuidheachaidhean anns a bheil iomagain mòr mu leas inntinneil agus/no corporra oileanach, agus a' bhuidheachd air buill eile de choimhearsnachd an oilthigh. Tha prionnsabalair airson ceuman a ghabhail air an cur sìos san iùl againn mu chor iomchaidh a bhith ag ionnsachadh.

## **10. Cìsean is pàigheadh**

- 10.1 Is ann oirbh fhèin a tha an t-uallach airson cìsean teagaisg a phàigheadh don oilthigh, a tha ri am pàigheadh gu h-iomlan a h-uile bliadhna aig àm clàraidh, mura bi a chaochladh air aontachadh ro làimh. Ma thachras nach pàigh ùghdarras urrasachd (m.e. Buidheann Thabhartasan Oileanaich na h-Alba, Companaidh Choinghill Oileanaich no am fastaiche agaibh), tha e mar fhiachaibh oirbh fhèin pàigheadh a dhèanamh. Tha a' chis theagaisg a' gabhail a-steach clàradh, teagasg agus measadh. Chan eil i a' gabhail a-steach: costasan

siubhail chun sheiseanan stèidheachaidh agus air ais; costasan chuirtean a-mach is a leithid; uidheam pearsanta speisealaichte no leabhraichean (ach a-mhàin cothrom air leabharlann agus stuthan is irisean air loidhne). Tha iad seo air am measadh a bhith nan costasan a bharrachd a bhuineas don phrògram agaibh, agus bheir sinn fiosrachadh mu an timcheall seo air an làraich-lìn.

- 10.2 Bidh cìsean teagaisg a rèir na h-inbhe agaibh a thaobh chìsean mar a bhios air a measadh leinne. Bidh a h-uile tairgse ag innse a' mheasaidh shealadaich a rinn sinn air an inbhe chìsean agaibh a rèir an fhiosrachaidh a thugadh leis an iarrtas, agus tha an làrach-lìn againn a' toirt fios mun chis fhèin a tha ri a pàigheadh airson gach inbhe chìsean. Bu chòir dhuibh a bhith cinnteach den inbhe chìsean mar a tha air a measadh dhuibh mun gabh sibh ri tairgse.
- 10.3 Le bhith ag aontachadh ris na cumhaichean seo, tha sibh a' gabhail ris a' phoileasaidh chìsean againn, gu sònraichte a thaobh cìsean a phàigheadh, pàigheadh air ais ma stadas sibh o bhith ag ionnsachadh agus mar a thachras mura pàighear. Tha am poileasaidh chìsean againn ri fhaotainn aig: [www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/governance/policies-and-regulations/policies](http://www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/governance/policies-and-regulations/policies)
- 10.4 Tha còir agaibh an t-oilthigh fhàgail agus crìoch a chur air na cumhaichean seo le bhith a' toirt brath foirmeil. Bidh suim chìsean teagaisg sam bith a phàighear air ais an crochadh air a' cheann-latha air an toir sibh brath. Barrachd fiosrachadh [www.uhi.ac.uk/en/students/support/thinking-of-leaving](http://www.uhi.ac.uk/en/students/support/thinking-of-leaving)
- 10.5 Cumaidh an t-oilthigh an teisteanas deireannach airson duais oilthigh fhad 'sa tha fiachan cìse teagaisg air leth math leis an oilthigh.
- 10.6 Bidh cìsean is costasan sam bith a tha ri am pàigheadh leibhse air àite còmhnaidh a thèid a sholar leis an oilthigh no treas pàrtaidh sam bith, costasan siubhail no costasan eile a bhuineas ri cùrsa, ma bhios a leithid ann, fo bhuidh aontachaidhean air leth.

## 11. Dìon dàta

- 11.1 Tha sinn a' gabhail mar fhiachaibh oirnn fhèin còirichean is saorachdan dhaoine a dh'ionn a thaobh an dàta pearsanta a làimhseachadh. Tha sinn dedalasach mu phoileasaidh airson dìon còirichean agus saorsa dhaoine fa leth a thaobh a bhith a' giollachd an dàta pearsanta aca. Tha feumalachdan foghlaim agus gnìomhachais againn gus fiosrachadh pearsanta a chumail suas le daoine a tha a' fuireach mar luchd-obrach, oileanaich agus ceumnaichean agus feadhainn eile a' toir air ar gnìomhan dligheach mar oilthigh. Bidh sinn a' pròiseas dàta pearsanta a rèir Achd Dìon Dàta 2018 agus an Riaghailt Dìon Dàta Coitcheann. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu phròiseas dàta an oilthigh agus poileasaidhean prìobhaideach [an seo](#).
- 11.2 Tha sinn a' cumail fiosrachadh mu tagraichean agus oileanaich air fad. Bidh sinn a' cleachdadh fiosrachadh bhon iarrtas agad gus an t-iarrtas agad a phròiseas, gus beachdan a chruinneachadh agus fiosrachadh a chuir thugaibh.
- 11.3 Ma shoirbhicheas leis an iarrtas agaibh nì sinn feum den dàta a th' ann mu ur timcheall cuideachd airson ur prògram a liubhairt, seirbheisean foghlaim is taic a sholar dhuibh, ur coilionadh is ur frithealadh a sgrùdadh, fios air ais a chruinneachadh agus airson gnìomhachdan manaidsearachd leithid planadh ro-innleachdail, anailis staitistigeach, sgrùdadh co-ionannachd chothroman agus ar siostaman TF a chumail an òrdugh. Cumaidh sinn dealbh dhiad cuideachd an dèidh dhut clàradh.



11.4 Mas ann mar oileanach iomlaid a tha sibh ag ionnsachadh leinn, tha sibh ag aontachadh agus a' tuigsinn gum faod sinn dàta oirbh a thoirt don stèidheachd às an tàinig sibh mun choilionadh acadaimigeach agaibh agus an t-ionnsachadh a rinn sibh leinn. Far am bi prògram air a liubhairt ann an co-oibreachadh no co-bhanntachd eadar an t-oilthigh agus stèidheachd a tha na chom-pàirtiche dha, pàirtichidh an dà chuid dàta pearsanta oileanaich air a bheil feum airson am prògram a sholar is a mheasadh.

## 12. Fiachanas

12.1 Chan urrainn dhuinn uallach sam bith a ghabhail oirnn fhèin airson meàirle no dochair sam bith a nithear air ur cuid (a' gabhail a-steach coimpiutair, carbad no rothair sam bith), mura bith seo air adhbharachadh leis an oilthigh no an luchd-obrach aige. Is e ar comhairle dhuibh, mar sin, àrachas a thoirt a-mach air ur cuid, a' gabhail a-steach ur sealbh pearsanta, an aghaidh meàirle is dochair.

12.2 Cha ghabh sinn uallach oirnn fhèin, agus tha sinn a dh'aona-ghnothach a' diùltadh fiachanas, airson bàs no leòn pearsanta oirbh, mura bi sin air adhbharachadh le dearmad, foill no briseadh dleasnas reachdail leis an oilthigh no a luchd-obrach.

12.3 Ged a dh'fheuchas sinn ri bhith cinnteach gu bheil goireasan is dìonan tèarainteachd is frith-bhioras reusanta air uidheam is bathar-bog coimpiutair a sholaireas sinn ri an uisneachadh leibh, is ann oirbh fhèin a tha an t-uallach ma dh'uisnicheas sibh iad seo. Cha bhi uallach oirne airson call no dochair a dh'fhuilingeas sibh mar thoradh air feum a dhèanamh de dh'uidheam no bathar-bog coimpiutair sam bith a thèid a sholar no a chur ri fhaotainn, a' gabhail a-steach truailleadh bathar-bog no call faidhlichean sam bith.

12.4 Far nach do choilion sinn ar dleasnasan fon chunnradh seo, bidh fiachanas oirnn airson call no dochair a dh'fhuilingeas sibh a tha na thoradh so-fhàisnichte air sinn a bhith a' briseadh a' chunnraidh seo no air dìth cùraim is sgil a bhith air a chur an gnìomh leinn, ach cha bhi fiachanas oirnn airson call no dochair sam bith nach eil so-fhàisnichte. Tha call no dochair so-fhàisnichte ma tha e soilleir gun tachair e no ma bha fhios aig an dithis dhinn, aig an àm anns an do rinneadh an cunnradh, gum faodadh e tachairt.

12.5 Le ùmhlachd do pharagrafan 12.1-12.4:

- a) cha bhi fiachanas oirnn airson call neo-dhìreach agus co-lorgach a dh'èireas fon chunnradh seo no na lùib;
- b) ach a-mhàin far a bheil a chaochladh air a chur an cèill sna cumhaichean seo, tha sinn cuideachd a' dùnadh a-mach a h-uile barantas de sheòrsa sam bith, biodh e fillte a-staigh no air a chur an cèill a dh'aona-ghnothach, fo na cumhaichean seo, no nan lùib, cho fhad 's as urrainn dhuinn fon lagh bhointealach; agus
- c) tha sinn a' cuingealachadh ar fiachanas iomlan is co-chruinn dhuibh fo na cumhaichean seo, no nan lùib, ris na cìsean a phàighear no a tha ri am pàigheadh leibhse (no far am bi e iomchaidh le treas pàrtaidh a mhaoinicheas sibh) don oilthigh fo na cumhaichean seo.

## 13. Neonitheachadh no cur às do chlàradh agus na cumhaichean seo

Le ùmhlachd do na còirichean ath-thagraidh agaibh, faodaidh sinn cur às do na cumhaichean seo agus an comas a th' agaibh a bhith ag ionnsachadh san oilthigh mura cùm sibh ris na cumhaichean seo agus na poileasaidhean is na rianan air a bheil iomradh sna cumhaichean

seo, a' gabhail a-steach, gun chuingealachadh, (i) ma bheir sibh fiosrachadh breugach, foilleil no meallta dhuinn no mura toir sibh dhuinn fiosrachadh a dh'iarr sinn; (ii) mura pàigh sibh ur cìsean; (iii) ceuman smachdachaidh; agus/no (iv) mura coilion sibh riatanasan acadaimigeach a' phrògram agaibh.

#### **14. Riatanasan a thaobh cur às do na cumhaichean seo**

14.1 Ma thèid cur às do na cumhaichean seo aig àm sam bith:

14.1.1 bidh còir againn diùltadh ur clàradh air a' phrògram ionnsachaidh agaibh (mur an do chlàr sibh cheana air a' cheann-latha air an deach cur às dhaibh);

14.1.2 bidh còir againn iarraidh oirbh stad o bhith ag ionnsachadh air a' phrògram agaibh agus an t-oilthigh fhàgail gun dàil (ma tha sibh clàraichte air a' cheann-latha air an deach cur às dhaibh);

14.1.3 feumaidh sibh ur cairt dhearbh-aithneachaidh oileanaich a thoirt air ais don chom-pàirtiche acadaimigeach as bun-shuidheachadh dhuibh, còmhla ris a h-uile sealbh a bhuineas don oilthigh no don chom-pàirtiche acadaimigeach as bun-shuidheachadh dhuibh;

14.1.4 feumaidh sibh a h-uile cìs nach do phàigheadh cheana a phàigheadh gun dàil agus;

14.1.5 faodaidh gun toir sinn fios mu iarrtasan no gnìomhachd sam bith a tha sinn an amharas a tha foilleil do UCAS, Roinn Bhìosathan agus In-imrich na RA no buidheann eile far am bi sin iomchaidh

14.2 Le ceuman sam bith a ghabhas sinn fo na forairean a dh'ainmichear gu h-àrd cha chuirear cuingealachd air a' chomas againn a bhith a' co-èigheachadh nan còirichean againn fhèin agus nan dleasan agaibhse agus a bhith a' gabhail ceuman sam bith eile nur n-aghaidh air am faod còir a bhith againn fo na cumhaichean seo no a chaochladh. Cho fhad 's a bhios na ceuman a ghabhar a chur às do na cumhaichean seo a rèir nan cumhaichean seo no nan rianan againn, cha bhi fiachanas oirnn airson call no dochair sam bith a dh'fhuilingeas sibh mar thoradh.

#### **15. Bhìosathan agus in-imrich**

Mas e oileanach a th' annaibh a dh'fheumas bhìosa airson ionnsachadh san RA tha dleasnas laghail oirbh a bhith a' cumail ri cumhaichean bhìosa sam bith a bhios air an socrachadh le Bhìosathan agus In-imrich na RA. Is ann oirbh fhèin a tha an t-uallach seo agus mun clàr sibh bidh agaibh ri fianais a thoirt gu bheil inbhe dhligeach agaibh a thaobh in-imrich.

#### **16. Brathan**

Is ann ann an sgrìobhadh a nithear brath sam bith a bheirear fo na cumhaichean seo. Thèid litrichean a sheòladh ur n-ionnsaigh aig an t-seòladh a th' agaibh feadh na teirme no ur seòladh dachaigh a rèir na bhios iomchaidh, aig an t-seòladh a bhios air a chumail sa chlàr oileanaich agaibh aig an àm. Measar gum bi litrichean air an aiseag gu ceart nuair a thèid an liubhairt le làimh aig an t-seòladh sin, no 48 uairean an dèidh dhaibh a bhith air am postadh chun an t-seòlaidh sin mas ann le post ciad chlas ro-phàighte a chuirear iad. Faodar brathan a chur tro phost dealain cuideachd, chun an t-seòlaidh phuist dhealain a th' agaibh leis an oilthigh, agus mas ann mar sin a bhitheas e measar gum bi an aiseag èifeachdach 24 uairean an dèidh dhaibh a bhith air an cur. Is ann oirbh fhèin a tha an t-uallach ur fiosrachadh pearsanta ùrachadh, a' gabhail a-steach seòladh agus fiosrachadh conaltraidh.

## 17. Coitcheann

- 17.1 Ma tha forail sam bith sna cumhaichean is na cùmhnantan seo mì-laghail, mì-dhligheach, gun èifeachd no do-èigheachadh, no ma thig e a bhith mar sin, cha toir sin buaidh air laghalachd, dligheachas no so-èigheachd nam forairean eile.
- 17.2 Cha bhi sinn fhèin no sibh fhèin fo fhiachanas do chàch a chèile airson cion no dàil sam bith a thaobh dleasan a choilionadh, mas e rud air nach eil atharrach reusanta againne no agaibhse as adhbhar don chion no an dàil, m.e. teine, tuil no eas-aontas gnìomhachasach.

## 18. Gearanan

- 18.1 Tha modh-obrach againn airson gearanan a làimhseachadh a tha a rèir nam prionnsabalan a tha air an cur a-mach le Ombudsman Sheirbheisean Poblach na h-Alba. Is e na prionnsabalan seo gum bu chòir don phoileasaidh is am pròiseas a thaobh ghearanan a bhith so-ruigsinneach, cothromach, so-atharrachail a rèir fheuman, dìomhair, soilleir, agus amail.
- 18.2 Is urrainn dhuinn cuideachadh leibh socrachadh a bheil sibh ag iarraidh gearan foirmeil no neo-fhoirmeil a thogail, agus tha iùl ceum air cheum ann air a' mhodh-obrach agus an clàr-ama ris am faod sibh a bhith am fiughair ma chuireas sibh romhaibh gearan foirmeil a thogail. Tha fiosrachadh mun mhodh-obrach làimhseachadh ghearanan ri fhaotainn aig [www.uhi.ac.uk/complaints](http://www.uhi.ac.uk/complaints)

## 19. Lagh agus dlighe-chomas

Tha na cumhaichean seo fo riaghladh laghannan na h-Alba agus is ann dan rèir-san a thèid am mìneachadh anns a h-uile seagh.

## Earr-ràdh 1 Sgrìobhainnean is fiosrachadh bointealach

Le bhith a' gabhail ri tairgse agus/no a' clàradh air prògram, tha sibh ag aontachadh gum bi sibh ceangailte le riaghailtean an oilthigh agus na poileasaidhean is na modhan-obrach bointealach aige, agus gun cùm sibh riutha. Tha sgrìobhainnean poileasaidh cudromach air an liostadh gu h-ìseal, agus tha liosta iomlan ri a faotainn air an làraich-lìn againn aig [www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/governance/policies-and-regulations](http://www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/governance/policies-and-regulations). Faodaidh sibh leth-bhreac iarraidh de ghin sam bith de na sgrìobhainnean seo, a tha ri am faotainn ann an atharrachadh chruthan ma thèid sin iarraidh.

Nuair a chlàraicheas sibh, tha sibh ag aontachadh cuideachd gum bi sibh ceangailte le poileasaidhean is modhan-obrach bointealach a' chom-pàirtiche acadaimigeach as bun-shuidheachadh dhuibh agus gun cùm sibh riutha; tha iad seo ri am faicinn tron làraich-lìn aca.

Faodaidh sibh fios a chur ar n-ionnsaigh tro phost dealain aig [eo@uhi.ac.uk](mailto:eo@uhi.ac.uk) no air a' fòn air 01463 279000 no leis a' phost aig: 12B Slighe Nis, Inbhir Nis, Alba IV3 5SQ

Poileasaidh / iùl	Ceangal air an lion
Còd giùlain nan oileanaich	
Freagarrachd airson ionnsachadh	
Poileasaidh a togail adhartachadh àrainneachdail ionnsachaidh	
Poileasaidh agus modh mì-ghiùlain neo-acadaimigeach	
Poileasaidh agus modh mì-ghiùlain neo-acadaimigeach	
Poileasaidh agus stiùireadh Turntin	
Poileasaidh cìs	<a href="http://www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/governance/policies-and-regulations/policies">www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/governance/policies-and-regulations/policies</a>
Poileasaidh co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltachd	
Poileasaidh dìon	
Poileasaidh fiosrachadh air ais agus poileasaidh beòthachail	
Poileasaidh gleidhidh measaidh	
Poileasaidh inntrigidh	
Poileasaidhean air seiseanan teagaisgte clàraichte	

Aonta com-pàirteachas oileanaich	<a href="http://www.uhi.ac.uk/en/students/get-involved/student-partnership-agreement/">www.uhi.ac.uk/en/students/get-involved/student-partnership-agreement/</a>
Còd cleachdaidh rannsachaidh iar-cheumnach airson oileanaich agus luchd-stiùridh	<a href="http://www.uhi.ac.uk/en/research-enterprise/grad-school/code-of-practice">www.uhi.ac.uk/en/research-enterprise/grad-school/code-of-practice</a>
Fiosrachaidh tèarainteachd – poileasaidh cleachdaidh freagarrach	<a href="http://www.uhi.ac.uk/en/lis/helpdesk/acceptable-use-policy">www.uhi.ac.uk/en/lis/helpdesk/acceptable-use-policy</a>
Frèam bheusan rannsachaidh	<a href="http://www.uhi.ac.uk/en/research-enterprise/resource/ethics">www.uhi.ac.uk/en/research-enterprise/resource/ethics</a>
Inbhean acadaimigeach agus riaghailtean càileachd	<a href="http://www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/governance/policies-and-regulations/policies">www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/governance/policies-and-regulations/policies</a>
Leabhar-iomradh oileanaich	<a href="http://www.uhi.ac.uk/en/libraries/how-to/">www.uhi.ac.uk/en/libraries/how-to/</a>
Poileasaidh agus modh-obrach airson làimhseachadh ghearanan	<a href="http://www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/governance/policies-and-regulations/policies/student-complaints-policy-and-procedure">www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/governance/policies-and-regulations/policies/student-complaints-policy-and-procedure</a>
Poileasaidh air sealbh inntleachdail	<a href="http://www.uhi.ac.uk/en/research-enterprise/resource/ip-guidelines/">www.uhi.ac.uk/en/research-enterprise/resource/ip-guidelines/</a>
Poileasaidh dìon data	<a href="http://www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/governance/policies-and-regulations/data-protection">www.uhi.ac.uk/en/about-uhi/governance/policies-and-regulations/data-protection</a>
Poileasaidhean slàinte is sàbhailteachd	Faicibh duilleag-lìn bhointealach a' chom-pàirtiche acadaimigeach as bun-shuidheachadh dhuibh, a gheibh sibh aig <a href="https://www.uhi.ac.uk/en/campuses/">https://www.uhi.ac.uk/en/campuses/</a>
Taci do luchd-ionnsachaidh	<a href="https://www.uhi.ac.uk/en/students/support/">https://www.uhi.ac.uk/en/students/support/</a>